

# Fèill na sgoile



An teaca Lynne Burgess  
Na dealbhan Anne Parsons  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha Anna agus Dòmhnall aig fèill na sgoile.  
Thug Dòmhnall leis Spike, an cù.  
Bha màthair agus athair Dhòmhnail  
a' cuideachadh aig an fhèill.



“Tha mise ag iarraidh na geamannan uile a chluich,” arsa Dòmhnall.

“Tha agus mise,” ars Anna.

“Ach chan fhaod Spike tighinn.”

Chuir Dòmhnall feiste Spike air post na feansa.

“Cù còir, Spike,” thuirt Dòmhnall.





Chaidh Dòmhnall agus Anna  
a chluich geama.

“Dè bhios sinn a’ dèanamh an seo?”  
dh’fhaighnich Dòmhnall.

“Feumaidh tu tunnag a ghlacadh,”  
thuirt athair Dhòmhnail.



Dh'fheuch Dòmhnall ri tunnag a ghlacadh.  
Dh'fheuch agus dh'fheuch e  
ach cha b' urrainn dha tunnag a ghlacadh.



Dh'fheuch Anna an uair sin.

“Seall an tunnag agam,” thuir i le gaire.

“Dè an duais airson tunnag a ghlacadh?”





“Siud thu Anna,” thuirt athair Dhòmhnail  
agus thug e càr beag dearg dhi.

“Seall a Dhòmhnail,” ars Anna.

“Tha càr beag dearg agamsa.”

Bha Dòmhnall brònach.

“Tha mise ag iarraidh càr beag dearg mar sin,”  
thuirt e.



“Trohad agus cluichidh sinn an geama seo a-nis,” thuir Anna.

“Dè bhios sinn a’ dèanamh an seo?”  
dh’fhaighnich Dòmhnall.

“Feumaidh tu cearcall a chur timcheall air còn,”  
thuir màthair Dhòmhnail.





Dh'fheuch Dòmhnall ri cearcall a chur timcheall air còn.



Dh'fheuch e agus dh'fheuch e ach cha b' urrainn dha cearcall a chur timcheall air còn.



Dh'fheuch Anna an uair sin.

Dh'fheuch agus dh'fheuch i.

Chaidh aon dhe na cearcaill suas, suas  
agus thàinig e nuas air muin còn.



“Siud thu Anna,” thuirt màthair Dhòmhnail  
agus thug i càr beag gorm dhi.

“Seall a Dhòmhnail, tha càr beag gorm  
agam a-nis,” thuirt Anna.

Bha Dòmhnall brònach.

“Chòrdadh càr riumsa cuideachd,”  
thuirt Dòmhnall.





“Trohad agus cluichidh sinn an geama ud,” thuir Anna.

“Faodaidh tusa cluich,” arsa Dòmhnall.

“Chan eil mise ag iarraidh cluich.

Tha mi ag iarraidh dhachaigh.

Gheibh mi Spike.”



Chaidh Dòmhnall a-null chun na feansa.  
Bha Spike an sin. Ach a-nis bha aon ... dhà  
... trì ... ceithir ... còig ... sia coin ann.





Leum Spike suas agus sìos nuair a  
chunnaic e Dòmhnall.

“O, Spike!” arsa Dòmhnall.

“Dè tha agad an sin?”

Bha ròs mòr air coilear Spike.





“Fhuair Spike duais a’ choin bu mhotha aig an fhèill,” ars an tidsear.

Thug i bogsa mòr do Dhòmhnall.

“Sin an duais agadsa,” thuirt an tidsear.



Dh'fhosgail Dòmhnall am bogsa cho luath  
is a b' urrainn dha.

“Seall Anna,” thuir e le gaire.

“Fhuair mise càr mòr dearg.

Nach b' e Spike am balach!”